

Geàrr-chunntas air toraidhean an sgrùdaidh

Clas Sgoil-àraich Bun-sgoil Ghleann Urchadain

Comhairle na Gàidhealtachd

30 May 2023

Prìomh fhiosrachadh co-theacsail

Tha Sgoil Àraich Bun-Sgoil Ghlinn Urchadain suidhichte taobh a-staigh Bun-sgoil Ghleann Urchadain. Tha i a' frithealadh Druim na Drochaid agus na bailtean beaga mun cuairt. Tha uallach stiùiridh iomlan aig ceannard na sgoile airson na Sgoil Àraich. Tha an Sgoil Àraich a' toirt seachad 1140 uair a thìde de chùram-chloinne agus ionnsachadh làn bhogadh tro mheadhan na Gàidhlig rè teirm. Chaidh an Sgoil Àraich ath-stèidheachadh taobh a-staigh na sgoile sa Mhàrt 2022. Roimhe seo bha i suidhichte ann an ionad faisg air an sgoil. Bidh clann a' dol ann bho aois trì gus an tòisich iad sa bhun-sgoil. Tha an Sgoil Àraich clàraichte airson 16 clann aig àm sam bith. Tha na h-àireamhan a tha an làthair beag.

Bidh luchd-cleachdaidh agus clann na Sgoil Àraich a' cleachdadh seòmar-cluiche mòr le cothrom saor air raon gàrraidh a-muigh. Bidh iad cuideachd a' cleachdadh an talla spòrs.

2.3 Ionnsachadh, teagasg agus measadh

glè mhath

Tha an t-slat-tomhais seo a' cur fòcas air a bhith a' dèanamh cinnteach à sàr eòlas ionnsachaidh do chlann òga. Tha e a' soilleireachadh cho cudromach 's a tha tuigse fìor mhath air leasachadh chloinne agus dòighean-teagaisg tràth-ionnsachaidh. Thathar a' dèanamh feum èifeachdach de dh'amharc gus ionnsachadh san àm ri teachd a stiùireadh agus an adhartas a chaidh a dhèanamh a chomharrachadh. Tha clann an sàs ann am planadh airson an ionnsachadh fhèin. Còmhla bidh iad sin a' dèanamh cinnteach gu bheil a' meudachadh soirbheachas agus coileanadh chloinne. Is iad na cuspairean:

- ionnsachadh agus com-pàirteachadh
- càileachd eadar-obrachaidhean
- chleachdadh èifeachdach de mheasadh
- planadh, tracadh agus sgrùdadh

- Tha àrainneachd bhlàth, chùramach, thaiceil agus bogaidh a' còrdadh ri clann na Sgoil Àraich. Bidh an fheadhainn a tha ùr dhan Sgoil Àraich a' socrachadh gu luath air sgàth nan dàimhean matha a th' aca ri luchd-cleachdaidh. Tha clann an sàs gu gnìomhach ann an ionnsachadh, a' gabhail a-steach tro cho-theacsan fìor. Tha a' chlann a' faighinn tlachd bho chuirtean don leabharlann ionadail gus deagh chleachdaidhean a bhrosnachadh ann a bhith a' leughadh leabhraichean sa Ghàidhlig. Tha clann neo-eisimeileach ann a bhith a' dèanamh roghainnean bho na goireasan a tha rim faighinn san t-seòmar-cluiche. Bidh iad a' nochdadh ìre àrd de bhrosnachadh agus a' cuimseachadh airson amannan fada fhad 's a tha iad a' stiùireadh an cluich bogaidh iomlan fhèin. Tha cothrom aig clann cuideachd air raon farsaing de ghoireasan cluiche a-muigh. Bidh iad a' gabhail tlachd annta bho sheiseanan saor-chluich làitheil, le conaltradh cunbhalach le inbhich sa Ghàidhlig.
- Tha cothromachadh iomchaidh ann de chothroman cluiche fo stiùir inbheach, air a thòiseachadh le inbheach agus air a stiùireadh le clann. Tha clann a' sìor fhàs neo-eisimeileach agus misneachail. Tha an eadar-obrachadh le chèile coibhneil agus tha spèis ann. Bidh luchd-cleachdaidh ag eadar-obrachadh gu fìor mhath sa Ghàidhlig leis a' chloinn agus a' toirt taic don leasachadh cànan aca a' cleachdadh prionnsabalan làn bhogadh. Tha iad sin a' gabhail a-steach cleachdadh èifeachdach air seinn, bruidhinn Gàidhlig gu leantainneach, ath-aithris agus daingneachadh gus a' Ghàidhlig a leasachadh. Mar thoradh air sin, tha clann le misneachd a' cluinntinn agus a' gabhail na Ghàidhlig a-steach tro chluich làn bhogadh. Bu chòir do luchd-cleachdaidh cumail orra a' cleachdadh "Comhairle mu Fhoghlam Gàidhlig" (2022) gus na dòighean-obrach aca a neartachadh nas motha.

- Bidh luchd-cleachdaidh a' cleachdadh teicneòlas didseatach gu h-èifeachdach gus leigeil le clann mar a tha iad a' faireachdainn a chur an cèill. Bidh iad cuideachd a' cleachdadh a' bhùird eadar-ghnìomhach gus ionnsachadh na cloinne a leudachadh. B' urrainn do luchd-cleachdaidh cleachdadh teicneòlas didseatach a leudachadh gus ceanglaichean a dhèanamh ri Sgoiltean Àraich eile. Bheireadh seo cothrom do chlann air eadar-obrachadh nas motha, tòiseachadh air lìonra nas motha de luchd-labhairt na Gàidhlig a thogail agus cothrom a thoirt do cho-obrachadh leudaichte am measg luchd-cleachdaidh.
- Bidh luchd-cleachdaidh a' toirt clann an sàs gu brìoghmhor ann a bhith a' dealbhadh an eòlasan ionnsachaidh a' cleachdadh leabhraichean-ùrlair. Tha iad sin air an cleachdadh cuideachd mar bhrosnachadh airson meòrachadh còmhla ri clann mun ionnsachadh agus an adhartas. Tha grunn shiostaman feumail aig luchd-cleachdaidh gus adhartas chloinne a mheasadh agus a chlàradh. Nam measg tha beachdan cuideachail air planadairean agus fianais ann am pasganan pròifil. Tha ionnsachadh na cloinne air a chlàradh anns na pròifilean sin tro dhealbhan, beachdan agus beachdan luchd-cleachdaidh. Tha iad sin air an co-roinn le pàrantan a chaidh a bhrosnachadh o chionn ghoirid gus beachdan a chur a-steach air taobhan de dh'ionnsachadh am pàiste. Bu chòir do luchd-teagaisg togail air an deagh thoiseach tòiseachaidh seo le bhith a' toirt pàrantan an sàs nas cunbhalache ann an ionnsachadh an cuid chloinne. Mar eisimpleir, tro bhith a' roinn fhaclan agus abairtean Gàidhlig cumanta co-cheangailte ri ionnsachadh cuimsichte na seachdain.
- Tha grunn shiostaman èifeachdach aig luchd-cleachdaidh gus adhartas chloinne a sgrùdadh agus a mheasadh. Tha iad sin a' gabhail a-steach tar-shealladh leasachaidh a tha iomchaidh airson aois, agus na dh'ionnsaicheas clann co-cheangailte ri eòlasan agus builean Curraicealam airson Sàr-mhathais. Tha comas ann gum bi fòcas eadhon nas gèire air na sgilean agus air a' Ghàidhlig a tha clann a' togail. Bheir seo taic do bhith comharrachadh an ath rud a dh'fheumas clann ionnsachadh. Bu chòir do luchd-cleachdaidh tòiseachadh air ìrean tuigse chloinne fa leth agus an cleachdadh den Ghàidhlig a sgrùdadh ann an dòigh nas làidire. Bheireadh seo a-steach tuilleadh measaidh agus sgrùdadh adhartais.

2.1 Barantachadh agus dìon chloinne

- Chuir an sgoil a-steach fiosrachadh fèin-luachaidh co-cheangailte ri barantachadh agus dìon chloinne. Bheachdaich an luchd-sgrùdaidh air an fhiosrachadh seo ri luchd-teagaisg iomchaidh agus, far an robh e iomchaidh, ri clann. A bharrachd air sin, rinn an luchd-sgrùdaidh sgrùdadh air sampall de sgrìobhainnean barantachadh. Aig àm an sgrùdaidh, cha robh raointean air an comharrachadh airson leasachadh.

Tha an t-slat-tomhais seo co-cheangailte ri leasachadh agus ionnsachadh leanabain, pàistean agus clann òga. Tha feum aice air tuigse shoilleir air tràth-ionnsachadh agus leasachadh agus dòighean-teagaisg. Tha i a' nochdadh an dòigh amalaichte a tha clann òga ag ionnsachadh agus cho cudromach 's a tha eòlasan agus leasachadh a' tachairt do chloinn fa leth ann an àrainneachd thaiceil, àrachail agus bhrosnachail. Tha tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne de chàileachd àrd a' cur gu mòr ri bhith ag àrdachadh adhartas agus coileanadh chloinne mar a tha iad a' fàs agus ag ionnsachadh. Faodaidh e buannachd a thoirt don chloinn uile le bhith a' dùnadh na beàrn coileanadh agus a' dèanamh cinnteach à cothromachd do na h-uile. 'S ann mu dheidhinn nàdar iomlan leasachadh agus ionnsachaidh a tha e ann a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil na bunaitean sin tèarainte gus soirbheachadh coileanadh san àm ri teachd a thoirt gu buill. Is iad na cuspairean:

- adhartas ann an conaltradh, cànan tràth, matamataig, agus slàinte is sunnd
- adhartas chloinne thar ùine
- càileachd coileanadh na cloinne san fharsaingeachd
- a' dèanamh cinnteach à cothromachd don chlann air fad

- Tha clann a' dèanamh adhartas fìor mhath ann an conaltradh agus sgilean cànan tràth sa Ghàidhlig. Tha tuigse mhath aig cha mhòr a h-uile pàiste air a' Ghàidhlig a thathar a' cleachdadh aig "Àm Cearcall". Bidh clann a' gabhail pàirt ann an seinn òrain airson ionnsachadh na Gàidhlig a chuideachadh. Tha clann a' faighinn greim-bìdh is lòn còmhla a' cuideachadh le bhith a' leasachadh an sgilean conaltraidh. Bidh tuilleadh air a' mhòr-chuid den chloinn a' cleachdadh facail no abairtean Gàidhlig airson an roghainnean greim-bìdh iarraidh agus innse mar a tha iad a' faireachdainn. Bidh tuilleadh air a' mhòr-chuid den chloinn ag èisteachd gu furachail ri sgeulachdan, a' gabhail a-steach an fheadhainn a leugh clann sa bhun-sgoil Ghàidhlig. Bidh clann cuideachd a' nochdadh ùidh nuair a thathar gam brosnachadh gus dealbhan agus teacsa fhaicinn fhad 's a tha iad a' seinn òrain. Faodaidh clann uile an ainm aithneachadh. Bu chòir do luchd-obrach barrachd eòlasan a thoirt seachad gus sgilean sgrìobhaidh tràth a leasachadh ann an diofar cho-theacsan rè cluich. Bu chòir dhaibh eòlas chloinne fa-leth air fuaimean agus cumadh litrichean Gàidhlig a leudachadh far a bheil clann a' nochdadh ùidh agus deònach airson seo.
- Ann an àireamhachd agus matamataig, tha clann a' dèanamh adhartas fìor mhath. Tha clann uile ag ionnsachadh cunntadh le barrachd misneachd ann an raon de cho-theacsan. Faodaidh beagan chloinne cunntadh nas fhaide na deich. Is urrainn do thuilleadh air a' mhòr-chuid de chloinn dathan aithneachadh sa Ghàidhlig. Tha beagan chloinne a' nochdadh tuigse air briathrachas tomhais sa Ghàidhlig tro na h-eòlasan cluiche aca. Tha iad a' togail tuigse air a' bhun-bheachd ùine tro chòmhradhean mu làithean na seachdain agus amannan san latha aca agus a' cleachdadh uaireadairean. Feumaidh luchd-cleachdaidh cumail orra a' dèanamh cinnteach gu bheil dùbhlann gu leòr ann airson beagan chloinne a' cleachdadh eòlasan a tha iomchaidh airson aois gus daoine fa leth a chuideachadh gus an adhartas as fheàrr a dhèanamh.
- Tha clann a' dèanamh adhartas fìor mhath ann an slàinte agus sunnd. Tha clann a tha ùr don t-suidheachadh a' fàs cleachdte ris gu math. Tha pàrantan ag aithris gu bheil clann a' bruidhinn gu fàbharach mun sgoil-àraich. Bidh clann a' nochdadh cùram agus aire don co-aoisean. Tha gnìomhan corporra san talla lùth-chleas a' cuideachadh na cloinne gus raon de sgilean a thogail agus a bhith gnìomhach. Tha tuilleadh air a' mhòr-chuid de chloinn a' togail sgilean neo-eisimeileachd agus fèin-chùraim mar a bhios iad a' faighinn greim-bìdh agus ag ullachadh airson cuairtean a-muigh. Bidh clann a' nochdadh tuigse mu mar a thèid iad tarsainn air rathad gu sàbhailte nuair a bhios iad a' coiseachd don leabharlann. Bidh clann a' gabhail

uallach mar a bhith a' suidheachadh a' bhùird-bidh nan dreuchd mar 'Rionnag an Latha'. Bidh 'sgrùdadh faireachail' aig diofar amannan den latha a' cuideachadh na cloinne gu bhith a' cur an cèill mar a tha iad a' faireachdainn. Bu chòir do luchd-cleachdaidh barrachd comais chloinne a leasachadh gus bruidhinn mu an sunnd agus am faireachdainnean fhèin.

- Tro amharc agus còmhraidh ri clann fhad 's a tha iad a' cluich, tha e follaiseach gu bheil clann uile a' dèanamh adhartas fìor mhath thar ùine, bho thòisich iad san Sgoil Àraich. Bidh luchd-cleachdaidh a' cumail sùil air adhartas chloinne a' cleachdadh leabhraichean-làr agus tar-shealladh leasachaidh. Bidh iad a' cur ri beachdan luachaidh air frèaman-obrach adhartais aig ìre thràth na Gàidhlig. Mar a bhios àireamhan chloinne san sgoil-àraich a' meudachadh, faodaidh luchd-cleachdaidh togail air a' chleachdadh làithreach gus tuigse agus cleachdadh chloinne fa leth den Ghàidhlig a lorg agus a chlàradh a' cleachdadh eòlasan agus builean tràth-ìre.
- Bidh clann a' nochdadh barrachd misneachd, tapachd agus neo-eisimeileachd eadhon às dèidh ùine ghoirid san sgoil-àraich. Tha coileanaidhean na cloinne rim faicinn taobh a-staigh na leabhraichean-làr. Bidh luchd-cleachdaidh a' comharrachadh coileanadh na cloinne aig co-chruinneachaidhean seachdaineil na sgoile. Thathar a' brosnachadh phàrantan gus na choileanas an cuid chloinne taobh a-muigh na sgoil-àraich a chur ris na cunntasan.
- Tha eòlas math aig luchd-cleachdaidh air clann agus teaghlaichean. Tha iad mothachail air an fheum air dèanamh cinnteach à cothromachd don chloinn air fad agus aire a thoirt do bhacaidhean sam bith air ionnsachadh a dh'fhaodadh a bhith ann. Bu chòir do luchd-cleachdaidh cumail orra a' brosnachadh conaltradh cunbhalach gus taic a thoirt do phàrantan le ionnsachadh cànan an cuid chloinne sa Ghàidhlig. Bidh beagan chloinne cuideachd a' frithealadh suidheachaidhean eile tron t-seachdain. Tha luchd-cleachdaidh a' tòiseachadh a' conaltradh le com-pàirtichean sna suidheachaidhean sin gus dèanamh cinnteach à adhartas chloinne. Bidh seo a' cuideachadh gus dèanamh cinnteach gu bheil dealbh nas coileanta aca air an adhartas a tha daoine fa-leth a' dèanamh.

Cleachdadh as fhiach a roinn nas fharsainghe

Tha an ceannard air a bhith na phrìomh stiùir ann a bhith stèidheachadh lèirsinn làidir airson Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig san sgoil aice agus sa choimhearsnachd. Bha na h-àireamhan ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig sa bhun-sgoil air a dhol sìos. Bha aig clann ri siubhal airson Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig san àrd-sgoil gu Inbhir Nis, leis nach robh an àrd-sgoil ionadail a' toirt seachad Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig. Gus na h-àireamhan ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig àrdachadh, tha an ceannard air adhartas a leasachadh gus am bi Sgoil Àraich làn bhogadh ri fhaighinn a-nis a libhrigeas 1140 uairean a thìde. A bharrachd air sin, tha an ceannard air a bhith gu mòr an sàs ann a bhith a' toirt a-steach litearrachd agus Gàidhlig agus eòlasan bogaidh eile don àrd-sgoil ionadail. Tha seo a' fighe na Gàidhlig a-steach sa choimhearsnachd ionadail agus a' cumail suas seirbheisean foghlaim taobh a-staigh coimhearsnachd dhùthchail. Tha an Sgoil Àraich a' toirt seachad 1140 uair a thìde de chùram-chloinne agus ionnsachadh làn bhogadh tro mheadhan na Gàidhlig rè teirm. Bidh clann a' dol don Sgoil Àraich bho aois trì gus an tòisich iad sa bhun-sgoil. Bheir seo eòlas làn bhogadh Gàidhlig sàr-mhath do chloinn. Tha fianais ann mar-thà gu bheil coileanadh chloinne ga thogail, le clann a-nis a' dol a-steach gu BS1 agus iad air adhartas fìor mhath a dhèanamh leis na h-ìrean tràtha den Churraicealam airson Sàr-mhathais tro mheadhan na Gàidhlig. Tha luchd-obrach na Sgoil Àraich fileanta sa Ghàidhlig. Tha a' chlann aig ìrean na bun-sgoile a' brosnachadh ceanglaichean làidir leis an Sgoil Àraich gus an cuid Gàidhlig agus an sgilean cosnadh adhartachadh. Tha ceanglaichean eadar ginealaich làidir ann cuideachd. Mar sin, tha luchd-obrach a' dèanamh adhartas fìor mhath le bhith a' buileachadh an Stiùiridh Reachdail air Foghlam Gàidhlig (2017).

Mìneachadh air teirmean meud

Tha na teirmean meud àbhaisteach aig Foghlam Alba a tha air an cleachdadh san aithisg seo:

A h-uile	100%
Cha mhòr a h-uile	91%-99%
Tuilleadh air a' mhòr-chuid	75%-90%
A' mhòr-chuid	50%-74%
Mion-chuid / nas lugha na leth	15%-49%
Beagan	nas lugha na 15%

Tha teirmean cainneachdail eile a thathar a' cleachdadh san aithisg seo gu bhith air an tuigsinn mar a tha cumanta sa Ghàidhlig.